

RAISEANADH AIR BIADH

Aig àm a' chogaidh, bha mòran sheòrsaichean de bhiadh is deoch gann. B' e an t-adhbhar airson seo, gun robh faisg air trì-chairteal den bhiadh a bha ga ithe a' tighinn bho thall thairis, agus bha soithichean Bhreatainn a bha a' giùlan biadh gan cur fodha le soithichean agus bàtaichean-aigeil nan Nàdaidheach.

Ann an 1940, chaidh siostam a chur air bhonn a leigeadh leis a h-uile duine cuibhreann cothromach, no *raisean*, de bhiadh fhaighinn – b' e sin raiseanadh. Am measg nam biadhan a bha air an raiseanadh bha: siùcar, feòil, teatha agus càise agus, ro 1942, fiù 's suiteis! Gu clì tha dealbh de chòmhdach leabhar raiseanaidh àbhaisteach. Dh'fheumadh a leabhar raiseanaidh fhèin a bhith aig gach fireannach, boireannach agus leanabh, agus bhiodh iad a' toirt seachad nam bileagan nuair a bhiodh iad a' ceannach ghnòthaichean. Chuireadh an neach-bùtha stamp air an leabhar raiseanaidh a shealltainn gun d' fhuair an neach-ceannach an cuibhreann aca.

B' e an cuibhreann seachdaineach de bhiadh airson gach inbheach:

- 113g margarain no ime
- 340g siùcair
- 113g hama
- 2 ugh
- 170g feòla
- 57g teatha

An dèidh seo, chaidh puingeann a thoirt a-steach cho math ri raiseanadh, agus fhuair a h-uile duine 16 puingeann a dh'fhaodadh iad a chleachdadh airson biadh ann an tiona. Cuideachd, bha cead aca air:

- 1 phacaid de bhainne tioram gach ceithir seachdainean
- 1 phacaid de dh'uibhean tioram gach ceithir seachdainean
- 350g de shuiteis gach ceithir seachdainean
- 450g de shilidh no marmalaid gach ochd seachdainean.

Nuair a thòisich an raiseanadh, cha robh ach ìm, siùcar agus hama air an raiseanadh ach ro mheadhan 1940, bha feòil, uighean, càise, silidh, teatha agus bainne air an raiseanadh. Chuir an riaghaltas romhpa gun aran a raiseanadh, agus ann an 1941 thug e a-steach an Lof Nàiseanta, a dh'fheumadh a bhith co-dhiù 85% de ghràn slàn. Cha do chòrd an t-aran seo ri mòran dhaoine leis gun robh dath mì-thlachdmhor, glas air.

Cha robh raiseanadh cho teann air rudan mar aran agus cuid de ghlasraich, agus bhiodh sreathan fada de dhaoine taobh a-muigh nam bùthan a bha gan reic. Rinn daoine an dìcheall gus cumail fallain ach bha siud gu math doirbh leis gun robh biadh cho gann. Dh'fheumadh na raiseanan seasamh fad seachdain agus le sin bha e fìor chudromach nach biodh daoine a' leigeil biadh a dh'olaidh. Mura dh'itheadh tu d' fheòil, dheigheadh a mhionsadh agus a chleachdadh gus rudeigin eile ri ithe a dhèanamh.

Bhrosnaich an riaghaltas daoine gus rudan mar sin a dhèanamh ann an iomairt air an robh *Waste Not, Want Not*.

